


Certification ref: 60368

Date: 15/04/26

CERTIFIED TRANSLATION

UK Language Solutions Ltd, hereby certify that the attached documents with Ref: 60368 have been translated from English to Scottish Gaelic under our supervision by a qualified translator and is, to the best of our professional knowledge and belief, a true and faithful rendering of the source document.

Signed: 

Florenda Abdo

Booking Coordinator



* Please note that each page is embossed with the UK Language Solutions Ltd stamp to ensure integrity of the document

Giorrachadh Manifesto 2026

Prìomhachasan

- Thoir a-steach siubhal an-asgaidh air na busaichean dhan a h-uile neach ann an Alba
- Thoir seachad an leudachadh as motha air cùram-cloinne air a mhaoineachadh ann an ginealach, a' toirt uairean cùraim-chloinne air a mhaoineachadh airson gach pàiste ann an Alba bho 6 mìosan air adhart, agus tasgadh ann an ionadan-altraim agus ann am freiceadain-chloinne gus àiteachan ùra chruthachadh do gach teaghlach
- Cuir cìs air beairteas agus gnìomhachasan a' truailleadh gus pàigheadh airson nan seirbheisean poblach a tha an urra rinn uile
- Faigh Alba air ais air an rian airson brùchdaidhean gnàth-shìde aig ìre neoni ro 2045, le gnìomhan thairis air an eaconamaidh gus brùchdaidhean a chur sìos bho chòmhdhail, bho lùth, bho thuathanachas agus bho thaigheadas.
- Cuir às dhan Chìs-chomhairle bhrìste agus thoir a-steach na h-àite Cìs nas cothromaiche air Àiteachan-fuirich, mar thaic ris na seirbheisean ionadail deatamach againn [AIR A BHACADH]

Cosgais bith-beò

- Meudaich Pàigheadh Clann na h-Alba gu £40 anns an t-seachdain, ag èirigh gu £55 anns an t-seachdain ro 2031, gus airgead a chur ann am pòcaidean nan teaghlaichean as motha feum air
- Cuidich luchd-seilbh thaighean gus na bilean lùtha aca ghiorrachadh le bhith a' dèanamh nan àiteachan aca mar an fheadhainn as èifeachdaiche a thaobh lùtha a dh'fhaodas iad a bhith, a' leudachadh nan sgeamaichean-taice a th' ann an-dràsta agus a' toirt a-steach taic shònraichte dhan fheadhainn anns na taighean as sine
- Cùm air adhart a' toirt a-steach biadh-sgoile an-asgaidh, a' tòiseachadh le ullachadh dha na h-uile am measg clann P6-7 agus S1-6 a bhios a' faighinn Pàigheadh Clann na h-Alba, leis an amas air a' cheann mu dheireadh de bhiadh-sgoile an-asgaidh don chlann-sgoile uile
- Cuir ìre as àirde air cosgais aodaich-sgoile, gus cosgaisean do theaghlaichean a lùghdachadh agus barrachd sùbailteachd a thoirt do chlann-sgoile a thaobh na bhios iad a' caitheamh a' dol dhan sgoil
- Dèan còmhradh ri Riaghaltas na RA gus cumhachdan fhaighinn gus sgeama pileatach farsaing mu Theachd A-steach Bunaiteach dha na h-Uile thoir a-steach, far am faigh daoine teachd a-steach air a bharantachadh gus ruigsinn air cosgaisean bith-beò bunaiteach

Obraichean ann an Eaconomaidh Uaine

60368

- Cruthaich obraichean ùra ann an lùth ath-nuadhachaidh le bhith a' tasgadh £600 millean air a' char as lugha ann an lùth ri cladach is far a' chladaich, nan tonn agus na grèine, agus dèan barrachd mhìrean airson gintinn ath-nuadhachaidh an seo ann an Alba
- Cuir cìs air gnìomhachasan mòra air an Lion leithid Amazon tro sgeama nan reataichean Neo-dhachaigheil, agus ath-thaisg an t-airgead mar thaic ris na sràidean àrda agus ri gnìomhachasan beaga ionadail
- Iarr tiomnadh an lagha mu fhadhadh gu Alba, ach am faod sinn dearbhadh gum bi gach obair a' pàigheadh tuarastal a rèir Cothrom na Fèinne agus gun tèid spèis a ghabhail do chòraichean luchd-obrach agus an gleidheadh
- Cuir air bhog Aonta ùr do Phreasantachdan le pàigheadh iomchaidh, slighean a-steach do dh'inbhich agus aithneachadh ionnsachaidh ro làimh
- Tòisich Maoin Beairteas Choimhearsnachdan mar thaic ri iomairt uaine ann an seilbh ionadail, agus beairteas ag èirigh à lùth ath-nuadhachaidh
- Cùm air adhart a' toirt a-steach sgeamaichean pìleatach seachdain ceithir là anns an roinn phoblaich, agus cuir taic ri barrachd gabhail ri seachdain ceithir là san roinn phrìobhaidich [AIR A BHACADH]

NHS agus cùram

- Leudaich tasgadh ann an Dotairean-teaghlaich agus fastadh dhotairean, leis an amas gum bi aon dotair ann mu choinneamh gach 1,000 euslainteach
- Thoir a-steach tuarastal £15 san uair air a' char as lugha do chùram sòisealta, agus dearbhaich gun àrdaich seo gach bliadhna le atmhorachd aig an ìre as ìsle
- Thoir a-steach lionra ionadan-taice slàinte-inntinn an-asgaidh is far na sràide air feadh na h-Alba, a' togail air soirbheachadh nam pròiseactan a th' ann an-dràsta leithid an *Nook* ann an Glaschu agus *Thrive* ann an Dùn Èideann
- Leudaich luchd-obrach nam ban-glùine le bhith a' cruthachadh shlighean 'cosnadh ag ionnsachadh' a-steach ann an obair nam ban-glùine agus cuir taic ri seirbheisean nam ban-glùine sna coimhearsnachdan
- Thoir a-steach modal-maoineachaidh seasmhach fad-ùineach airson cùram-ospaise, agus thoir co-ionannachd pàighidh eadar luchd-obrach NHS agus cùram-ospaise gu buil
- Cuir às do na faraidhean-fiaclaireachd gu lèir, agus tòisich libhrigeadh dìreach seirbheisean-fiaclaireachd NHS, a' tòiseachadh ann an sgìrean air an tuath far a bheil cruaidh-fheum [AIR A BHACADH]

Albannaich Ùra

- Iarr air riaghaltas na RA cumhachdan mu imrich a-steach a thiomnadh gu h-iomlan gu Alba, a' leigeil leinn siostam cothromach a stèidheachadh a nì cinnteach gum faod sinn luchd-obrach ùr air a bheil cruaidh-fheum againn fhadhadh ann an roinnean mar chùram-slàinte, àiteachas, agus aoi gheachd
- Maoinich comhairlean agus uachdarain shòisealta air an clàradh gus am bi iad mar an luchd-solair as fheàrr de thaigheadas do dhaoine ag iarraidh tèarmann ann an

60368

coimhearsnachdan agus cuir crìoch air cleachdadh gnàthach àiteachan-fuirich nach eil iomchaidh leithid taighean-òsta agus taighean-fheachdan

- Cuir brùthadh air Riaghaltas na RA Cead Fuirich Fèin-obrachail a thoirt seachad do dh'oileanaich ri leigheas nan oileanaich ann an oilthighean ann an Alba, gus aghaidh a chur air an èiginn mu fhadhb anns an NHS
- Thoir a-steach foghlam an aghaidh gràin-chinnidh air feadh na h-Alba anns na sgoiltean, air a' phoileas, agus ann am buidhnean poblach, agus libhrig iomairtean a' cur cuideam air mar a chuireas na h-Albannaich Ùra ris an eaconamaidh, ri cultar agus ris an t-saoghal chatharra

Deamocrasaidh

- Obrachadh a dh'ionnsaigh Alba neo-eisimeileach anns an AE
- An-dràsta, dèan cinnteach gun cleachd Pàrlamaid na h-Alba a cuid chumhachdan tiomnaichte gu lèir chun na h-ìre as motha, a' toirt an fheum as motha às ar comas beatha nas fheàrr, coimhearsnachdan nas làidire, agus àrainneachd nas glaine a chruthachadh dhan a h-uile duine ann an Alba.
- Tòisich pròiseas Earrann 30 ann an Achd na h-Alba gus tiomnadh nan cumhachdan air fhàgail a tha glèidhte do Westminster iarraidh, a' gabhail a-steach cumhachd thairis air cìsean, còraichean luchd-obrach, riaghladh air lùth, imrich agus cùisean thall thairis [AIR A BHACADH]
- Cuir taic ri nochdadh mhodalan ùra mu riaghladh ionadail, a' gabhail a-steach ùghdarrasan eileanan agus structaran roinnean nam bailtean-mòra
- Leasaich cunntachalachd Buill Pàrlamaid na h-Alba le bhith a' toirt a-steach cumhachd ath-ghairm do luchd-taghadh ionadail
- Dèan clàradh luchd-taghadh fèin-obrachail gus bacadh air bhòtadh a lùghdachadh, a' tòiseachadh anns na sgoiltean, colaistean is oilthighean

Taigheadas

- Thoir prìomhachas do thogail dhachaighean sòisealta àrd-ìre gu luath, gus am bi taighean aig daoine a dh'fhaodas iad ceannach, anns na h-àiteachan far a bheil daoine ag iarraidh fuireach
- Iarr gun toir dachaighean ùra inbhean neoni a-mach, gum bi iad ceangailte ri còmhdhail phoblach, nach bi iad air an togail far a bheil cunnart thuiltean, agus thoir àiteachan ùra do luchd-còmhnaidh agus don choimhearsnachd ionadail
- Cruthaich targaid laghail gus crìoch a chur air a bhith gun dachaigh ro 2040, agus thoir taic do dhaoine a' fulang fo chùisean mar thràilleadh dhrugaichean agus droch shlàinte-inntinn às am faod èirigh mar thoradh a bhith gun dachaigh
- Cuir taic ri comhairlean gus smachd air màl a thoirt gu buil a bhuannaich Luchd Uaine na h-Alba cho luath 's a ghabhas, agus thoir air falbh comas uachdaran màl a leudachadh nas àirde na atmhorachd
- Thoir a-steach smachd air màl ann an àiteachan-fuirich oileanach

Ceartas

- Thoir a-steach Bile Fuath-bhan agus Ceartais Eucoirich, gus aghaidh a chur air sàrachadh, spreigeadh agus droch dhiol fuath-bhan, agus air an Lìon
- Thoir air ais agus leudaich an cothrom air ceartas le toirt a-steach Bile Leasachaidh mu Chobhair Laghail, agus atharraich structar pàighidh mu chobhair laghail
- Lùghdaich gairmean air a' phoileas agus thoir a-steach dòigh-dèiligidh a rèir ciùrraidh le bhith ag atharrachadh fhreagairtean air èiginn slàinte-inntinn bho Phoileas Alba gus seirbheisean-èiginn coimhearsnachdan air am maoineachadh mar as còir
- Cuir Cùirt Àrainneachdail Alba air bhonn, air am bi cothrom aig daoine fa leth agus coimhearsnachdan, gus èisteachd ri cùisean air truailleadh, call bith-eugsamhlachd agus eucoir chorporra àrainneachdail, le cumhachdan làidir co-èigneachaidh
- Thoir air adhart Bile Cunntachalachd Chorporra agus Ecocide Alba ag eucoireachadh dochann mòr àrainneachdail agus a' leudachadh fiachanas do luchd-gnìomha corporra

Foghlam

- Cuir crìoch air cleachdadh obair-dhachaigh sna bun-sgoiltean, agus gluais air falbh bho chleachdadh sgrùdaidhean thoraidhean ùra anns an àrd-sgoil, agus seach sin cuir feum air obair-chùrsa gus measadh nas cothromaiche is nas cruinne thoirt seachad.
- Thoir seachad Foghlam Pearsanta is Sòisealta aig àrd-ìre, a' barantachadh clàr-oideachaidh a sheallas air cuspairean leithid foghlam-gnè stèidhichte air cead, ion-ghabhaltachd LGBT+, slàinte-inntinn, agus ionmhas pearsanta, air an co-dhealbhadh le daoine òga
- Lùghdaich meudachd chlasaichean go 20 oileanach air a' char as motha, agus lùghdaich àm-coinneachaidh luchd-teagaisg gu 20 uair a thìde san t-seachdain gus a dhèanamh cinnteach gum bi d' ùine aca ionnsachadh is foghlam aig àrd-ìre ullachadh
- Fastaich 3,000 neach-teagaisg a bharrachd a' sònrachadh ann am Feumalachdan Sònraichte a Bharrachd, agus dèan seo mar phost air adhartachadh gus barrachd luchd-teagaisg a tharraing dhan dreuchd dheatamach seo
- Àrdaich aois-thòiseachaidh na sgoile gu 7, agus thoir a-steach ìre chròileagain air a mhaoineachadh gu h-iomlan agus stèidhichte air cluich airson nan tràth-bhliadhnaichean. [AIR A BHACADH]

An Àrainneachd agus Gnìomh mun Ghnàth-shìde

- Cuir taic ri crìoch gun dàil air tarraing ùr ola is gais, a' cur feum air na cumhachdan uile air a bheil cothrom aig Riaghaltas na h-Alba stad a chur air pròiseactan connaidh fhosail sam bith a mhilleas a' ghnàth-shìde
- Cùm air adhart a' cur an aghaidh leasachaidhean ùra ola-fhosaile ann an Alba, a' gabhail a-steach tarraing ùr ola is gais ann an raointean leithid Rosebank, agus an t-ionad-cumhachd gais ùr aig Ceann Phàdraig
- Meudaich Maoin Ath-shlànachaidh Nàdair trì uiread gu £200 millean, a' cur ri taic ri pròiseactan air an stiùireadh anns a' choimhearsnachd agus mu ath-shlànachadh sgèile cruth-tìre air feadh Alba, a' dìon na h-àrainneachd againn agus a' toirt cothrom do bharrachd dhaoine buannachd a thoirt às an nàdar shònraichte againn

60368

- Dìon agus faigh air ais stoc an iasgaich againn le bhith a' sònrachadh 30% de dh'uisgeachan na h-Alba ri cladach mar àrainnean-iasgaich le buaidh ìseal, far a bheil toirmeasg air cleachdaidhean sgriosail leithid tràladh air grinneal agus draghadh chreachann
- Cuir craobhan às ùr air monaidhean is glinn na h-Alba, le 9,000 heactair de dh'fhearann-coille dùthchasach ùr gach bliadhna, agus plana ann coille-uisge shònraichte taobh an iar na h-Alba is fearainn-choille àrsaidh a thoirt air ais
- Thoir a-steach Bile mu Uisge Glan a nì cinnteach gum bi aibhnichean is lochan na h-Alba glan agus sàbhailte alrson nàdar, snàmh agus cur-seachadan.[AIR A BHACADH]

Cùisean Thall Thairis

- Cuir toirmeasg air Arm nan Stàitean Aonaichte, agus riaghaltasan eile an sàs ann agus a' leigeil le eucoirean-cogaidh agus sgrios-cinnidh bho bhith a' cleachdadh seilbh le Riaghaltas na h-Alba mar Phort-adhair Phreastabhaig
- Cuir crìoch air taic uile Riaghaltas na h-Alba ri gnìomhachas nan ball-airm, a' gabhail a-steach tabhartasan-iomairt, comhairle an-asgaidh mu ghnìomhachas, agus aontaidhean-margaideachd cruinneil
- Thoir a-steach iomairt Boycott, Neo-sgeadachadh agus Smachd-bhannan an aghaidh Iosrael tro cheumannan a ghabhas a-steach toirmeasg slàn air maoinachadh poblach, tabhartasan agus taic eile bhon riaghaltas ri companaidhean air an sònrachadh mar a bhith a' cur taic ri eucoirean Iosrael an aghaidh na Palastaine
- Dèan cinnteach gum bi Alba ag obair gus saoghal a chruthachadh a tha saor bho bhùill-airm niùclasach, a' gabhail a-steach a bhith a' seasamh ris a' Chùmhnant air Casg Bhall-airm Niùclasach, agus atharrachadh Achd Mara na h-Alba gus casg a chur air gluasad bhall-airm niùclasach tro uisgeachan na h-Alba

Còmhdhail

- Thoir barrachd de bhusaichean na h-Alba air ais bho smachd ionadail, a' dèanamh nan riaghailtean nas fhasa do chomhairlean ionadail, a' toirt cumhachd do choimhearsnachdan a bhith an sàs barrachd ann an dealbhadh shlighean, agus thoir seachad taic-ionmhais mar as còir
- Cuir às do shiubhal ciad-ìre air Seirbheisean Scotrail, a' toirt lasachaidhean dhan a h-uile duine nach eil airidh air sgeamaichean railcard a th' ann an-dràsta
- Cuir sgeama ri chèile gus àireamh shònraichte de thiogaidean a thoirt do dh'eileanaich air slighe aiseagan, a' dèanamh cinnteach gum faod eileanaich siubhal le dìreach barrachd rabhaidh ro làimh, gu h-àraidh sna mìosan as dripeile as t-samhradh
- Thoir a-steach pasgan mu ruith-sgoile shàbhailte, a' dèanamh cinnteach gum bi siubhal gu na sgoiltean sàbhailte do chloinn agus do phàrantan, a' tasgadh ann an slighean-siubhail gnìomhach sgarichte, àiteachan-tarsainn, solais agus cur an gnìomh pàrcadh air casan agus dìomhanachd nas fheàrr
- Taisg ann an stèiseanan-rèile is slighean-rèile ùra, ag ath-fhosgladh nan slighean bho Dhùn Phàrlain gu Allmhagh agus bho Dhùn Phris dhan t-Sròn Reamhair

- Dèan rannsachadh air cothroman a thaobh dhrochaidean, thunailean agus chabhsairean thairis air Caolas na Hearadh agus Caolas Bharraigh, agus anns na h-Eileanan a Tuath gus leasachadh a thoirt air ceanglaichean do dh'eileanaich.

Tha sinn mothachail gu bheil cuid de na raointean seo tiomnaichte, thèid seo a mhìneachadh gu soilleir air an duilleig.

LGBT+

- Thoir a-steach toirmeasg farsaing air teiripe iompachaidh anns gach suidheachadh, a' gabhail a-steach creideamh, neo-fhoirmeil, coimhearsnachd, stèidhichte air an teaghlach agus teiripeach, le dìon soilleir gus cùram-slàinte a dhaingneachadh agus a' toirt a-steach fèin-aithne trans, neo-bhinearaidh agus neo-sheòrsach. Gheibh an toirmeasg seo taic le peanasan iomchaidh, eucoireach is catharra, agus còir reachdail do luchd-tàrsainn air taic is tagradh.
- Dearbhaich agus leudaich prògraman farsaing foghlaim agus an aghaidh burraidheachd; ann an prògraman airson sgoiltean is òigridh na h-Alba; thoir seachad taic shònraichte gus daoine òga LGBTQ+ a' fuireach ann am foghlam a chur air adhart agus thoir a-steach prògram nàiseanta gus aghaidh a chur air eucoir-fuatha *transphobic*, *homophobic* agus *biphobic* san t-sòisealtas.
- Thoir a-steach ro-innleachdan reachdail mu bhith gun dachaigh do gach buidheann air a bheil bacaidhean àraidh mu thaigheadas, luchd LGBTQ+ nam measg.
- Thoir aghaidh air neo-ionannachd ann an cùram-slàinte LGBTQ+, leithid leasachadh a thoirt air cothrom air cùram-slàinte sònraichte, cùram do dhaoine eadar-sheòrsach, agus toirt a-steach cungaidh-leigheis an aghaidh HIV a luathachadh.
- Foillsich plana-gnìomha cùraim a' dearbhadh gnè an taobh a-staigh 6 mìosan, gus oidhirpean mòra a dhèanamh gus uairean-feitheimh sgriosail a lùghdachadh. Am measg nan gnìomhan air an gabh sinn beachd tha maoinachadh barrachd àiteachan-trèanaidh, a' toirt seachad maoinachadh do bhùird-shlàinte nach eil a' toirt seachad cùram-slàinte fèin-aithne gnè an-dràsta gus a dhèanamh gun dàil; a' cur taic ri daoine gus cùram air a mhaoineachadh leis an NHS ann an dùthchannan eile iarraidh, agus ga chur air an aon rèir ris a' bharantachadh 18 seachdainean a bhios a' bualadh air iomadh raon eile de chùram-slàinte, a' gabhail a-steach slighean-òigridh air an aon rèir ri slatan-tomhais eadar-nàiseanta.
- Obraich le bùird NHS – Slàinte Phoblach na h-Alba nam measg – agus luchd-solair cùraim-shlàinte gus aghaidh a chur air neo-ionannachd slàinte is cùraim LGBTQ+. Gabhaidh seo a-steach ullachadh do luchd-slàinte is luchd-cùraim a' dèiligeadh ris a' phoball gus feumalachdan luchd LGBTQ+ a thuigsinn, agus cur ri trusadh an fhiosrachaidh air aidmheil fheiseil, fèin-aithne ghnè agus toraidhean a thaobh slàinte gus cruth a thoirt air poileasaidhean nas fheàrr stèidhichte air fianais.

Daoine air a Bheil Ciorram

- Dùin a' bheàrn ann an cosnadh dhaoine air a bheil ciorram le bhith a' toirt leasachadh air a' chothrom air seirbheisean-cosnaidh sònraichte gan ruith le buidhnean teòma san treas roinn agus san roinn phoblaich, seach luchd-prothaid prìobhaideach; agus cuir an

60368

gnìomh gus a dhèanamh cinnteach gum bi maoinachadh nas seasmaiche, gus an gabh taic san ùine fhada toirt seachad. Iarraidh sinn cuideachd gun gabh gach buidheann mhòr air a maoinachadh gu poblach pàirt ann an Sgeama Agallamhan Barantaichte do Dhaoine air a Bheil Ciorram.

- Iarr air Riaghaltas na RA uallach airson sgeama Cothrom air Obair a thiomnadh agus airson na dleastanasan a thaobh cosnaidh aig JobCentre Plus, gus an tèid aig Alba air taic amalaichte aig àrd-ìre a thaobh cosnaidh a thoirt do dhaoine air a bheil ciorram agus do bhuidhnean eile ann cunnart cion-cosnaidh san ùine fhada.
- Cuir Cùmhnant nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean Dhaoine air a Bheil Ciorram ri lagh na h-Alba, mar bhunait ri còraichean deatamach leithid còir air mairsinn neo-eisimeileach, cuideachadh pearsanta agus tagradh neo-eisimeileach.
- Iarr gum bi Buidhnean Dhaoine air a Bheil Ciorram an sàs ann an dealbhadh bun-structair ùr poblach is priobhaideach leithid taigheadas, togalaichean poblach, còmhdhail agus àiteachan poblach, gus an toir iad a-mach slatan-tomhais ion-ghabhaltach mu dhealbhadh.
- Cuir rannsachadh air bhog gun dàil air carson a tha cuibhreann nan iarrtasan soirbheachail gu Pàigheadh Ciorraman Inbheach air tuiteam bho chaidh a thoirt a-steach, agus a tha e a-nis nas lugha na an t-sùim cho-ionann ann an Sasainn is anns a' Chuimrigh, agus cuir molaidhean an gnìomh gus aghaidh a chur air seo.
- Cuir an sàs molaidhean an Rannsachaidh Neo-eisimeilich air Cuibhreann Chiorraman Inbheach, agus ath-bhreithneachadh air ìre nam pàighidhean, a' cur às don riaghailt gun tròcair mu 20m, agus dearbhadh gun toir measaidhean a-steach daoine niùro-iomadach.
- Dèan cinnteach gum faod daoine nas sine air a bheil ciorram cothrom fhaighinn air na haon phàighidhean mu ghluasad a bhios daoine nas òige air a bheil ciorram a' faighinn agus dèan Suaicheantasan Gorma na h-Alba, an fheadhainn as cosgaile san RA an-dràsta, an-asgaidh agus nas fhasa cothrom fhaighinn orra.

Albannaich Ùra

- Gairm air Riaghaltas na RA an t-uallach airson taigheadais is taic ri daoine ag iarraidh tèarmann ann an Alba a thiomnadh gu h-iomlan, a' dèanamh cinnteach gum faigh daoine air ùr-thighinn taic iomchaidh gus am beatha thòiseachadh às ùr an seo, agus maoinachadh slàn a thoirt do chomhairlean ionadail gus an dleastanas ùr seo a libhrigeadh.
- Cuir stad air companaidh priobhaideach a' toirt prothaid à siostam briste a' cleachdadh nan cumhachdan ùra seo. Bheir sinn maoinachadh do chomhairlean agus do dh'ùachdarain sòisealta air an clàradh mar an luchd-solair as fheàrr de thaigheadas ann an coimhearsnachdan, agus cuir crìoch air cleachdadh gnàthach thaighean-òsta is thaighean-fheachdan mar thaigheadas do dhaoine ag iarraidh tèarmann.
- Thoir cumhachd do choimhearsnachdan ionadail àrainn dìonach air gearanan iarraidh timcheall air àiteachan a' toirt àiteachan-fuirich is seirbheisean do luchd-tèarmainn airson cho fada is a tha daoine gam brùthadh a-steach ann an thaighean-òsta is thaighean-fheachdan le Oifis na Dùthcha.

- Cuir taic ris an sgeama phrìobhaideach a thathar a' moladh a' toirt còir air cosnadh do dhaoine ag iarraidh tèarmann, a' leigeil leotha taic a chur riutha fhèin agus ris na teaghlaichean aca agus lùghdaich bacaidhean air cosnadh le bhith a' cleachdadh nan cumhachdan gu lèir a tha rim faotainn ann an Alba gus a dhèanamh cinnteach gun aithnichear uidheamachadh thall thairis cho luath 's a ghabhas an dèidh tighinn dhan rìoghachd.
- Stèidhich Maoin Taicealachd Choimhearsnachdan gus maoin eachadh seasmhach a thoirt seachad do dh'Ùghdarrasan Ionadail gus tasgadh ann an seirbheisean bunaiteach agus ann am prògraman ceanglaichean choimhearsnachdan aig ìre ionadail anns an coimhearsnachdan far a bheil Albannaich Ùra.
- Cuir taic ri barrachd Albannach Ùra gus seasamh airson dreuchdan poblach le bhith a' stèidheachadh maoin co-ionann ri Bacaidhean air Dreuchdan air an Taghadh do dhaoine air a bheil ciorram, agus cruthaich slighean ùra do dh'Albannaich Ùra gus frithealadh air bùird choimhearsnachdan, leithid Comhairlean Phàrant agus Comhairlean Coimhearsnachd.

Manifesto 2026 Summary

Top priorities

- Roll out free bus travel to everyone in Scotland
- Deliver the biggest expansion of funded childcare in a generation, providing funded childcare hours for every child in Scotland from 6 months up, and investing in nurseries and childminders to create more places for every family
- Tax wealth and polluting industries to pay for the public services we all rely on
- Get Scotland back on track to deliver net zero climate emissions by 2045, with action across the economy to drive down emissions from transport, energy, farming and housing.
- Scrap the broken Council Tax and replace it with a fairer Residential Property Tax, to support our essential local services [EMBARGOED]

Cost of living

- Increase the Scottish Child Payment to £40 per week, rising to £55 per week by 2031, to put money in the pockets of the families who need it the most
- Help homeowners cut their energy bills by making their properties the most energy efficient they can be, expanding current support schemes and rolling out bespoke support for those in older properties
- Continue the rollout of free school meals, starting with universal provision in P6-7 and S1-6 pupils who receive the Scottish Child Payment, with the ultimate goal of free school meals for all school pupils
- Cap the cost of school uniforms, to reduce costs for families and provide more flexibility for pupils in what they wear to school
- Negotiate with the UK Government to secure the powers to introduce a comprehensive Universal Basic Income pilot, where people are provided with a guaranteed income to cover the basic costs of living

Jobs in a Green Economy

- Create new jobs in renewable energy by investing at least £600m in onshore and offshore wind, wave and solar, including manufacturing more components for renewable generation here in Scotland
- Tax large online businesses like Amazon through the Non-domestic rates scheme, and reinvest the money to support high streets and small local businesses
- Press for the devolution of employment law to Scotland, so we can ensure all work pays a fair wage and workers rights are respected and upheld
- Launch a New Deal for Apprenticeships with fair pay, adult entry routes and recognition of prior learning

- Pilot a Community Wealth Fund to support locally-owned green enterprise, including wealth generated from renewables.
- Continue the rollout of four-day week pilots in the public sector, and support greater take up of four-day week in the private sector [EMBARGOED]

NHS and care

- Increase investment in General Practice and the recruitment of GPs, with the aim of having one GP for every 1,000 patients
- Introduce a £15 per hour minimum wage for social care, and ensure this increases annually with inflation at minimum
- Introduce a network of free walk-in mental health support hubs across Scotland, building on the success of existing projects such as The Nook in Glasgow and Thrive in Edinburgh.
- Expand the midwife workforce by creating 'earn-as-you-learn' routes into midwifery and support community midwife services
- Deliver a long-term, sustainable funding model for hospice care, including fully implementing pay parity between NHS and hospice care staff
- Scrap all dental charges, and pilot direct delivery of NHS dental services, starting in rural areas with high need [EMBARGOED]

New Scots

- Call on the UK government to fully devolve powers over immigration to Scotland, allowing us to establish a fair system which ensures we can recruit the new workers we desperately need in sectors like healthcare, agriculture, and hospitality
- Fund councils and registered social landlords to become the preferred suppliers of housing for people seeking asylum in communities, and end the routine use of unsuitable accommodation like hotels and barracks
- Push the UK Government to provide Automatic Leave to Remain for all medical students studying in Scottish universities, to tackle the recruitment crisis in the NHS
- Introduce Scotland-wide anti-racist education across schools, policing, and public institutions, and deliver campaigns highlighting New Scots' contributions to the economy, culture and civic life

Democracy

- Work towards an independent Scotland in the EU
- In the meantime, ensure the Scottish Parliament uses all its devolved powers to the full, maximising our ability to create better lives, stronger communities, and a cleaner environment for everyone in Scotland.

60368

- Initiate the Section 30 process in the Scotland Act to call for the devolution of the remaining powers reserved to Westminster, including power over taxation, workers' rights, energy regulation, migration, and foreign affairs [EMBARGOED]
- Support the emergence of new local governance models, including island authorities and city region structures
- Improve accountability of MSPs by introducing a power of recall for local voters
- Automate voter registration to reduce barriers to voting, starting in schools, colleges and universities

Housing

- Prioritise rapidly building good quality social homes, so people have truly affordable homes, in the places people want to live
- Give councils the power to force owners of derelict land and property to sell or rent it for housing
- Require that all new homes meet net zero standards, be connected to public transport, not be built in flood risk areas, and provide green space for residents and the local community
- Create a legal target to end homelessness by 2040, and provide support for people suffering from issues like addiction and poor mental health which can lead to homelessness
- Support councils to implement the rent controls won by the Scottish Greens as soon as possible, and remove the ability for landlords to increase rents above inflation
- Introduce rent controls on student accommodation

Justice

- Introduce a Misogyny and Criminal Justice Bill, to tackle misogynistic harassment, incitement and abuse, including online
- Restore and expand access to justice with the introduction of a Legal Aid Reform Bill, and overhaul the legal aid payment structure
- Reduce police call-outs and implement a trauma informed approach by transferring mental health crisis responses from Police Scotland to properly funded community crisis services.
- Establish a Scottish Environmental Court, accessible to individuals and communities, to hear cases on pollution, biodiversity loss and corporate environmental crime, with strong enforcement powers
- Bring forward a Scottish Corporate Accountability and Ecocide Bill criminalising severe environmental harm and widening liability for corporate executives

Education

- End the use of homework in primary schools, and move away from the use of high-stakes exams in high school, instead using coursework to provide a fairer and more rounded assessment.

- Deliver high quality Personal and Social Education, guaranteeing a curriculum which covers topics such as consent based sex education, LGBT+ inclusivity, mental health, and personal finances, co-designed by young people
- Reduce class sizes to a maximum of 20 pupils, and lower teachers' class contact time to 20 hours per week to ensure that they have the time to prepare high quality learning and teaching
- Recruit 3,000 more teachers specialising in Additional Support Needs, and make this a promoted post to attract more teachers into this vital role
- Raise the school starting age to 7, and introduce a fully funded, play-based kindergarten stage for the early years. [EMBARGOED]

Environment and Climate Action

- Support an immediate end to new oil and gas extraction, using all the powers available to the Scottish Government to halt any further climate-wrecking fossil fuel projects
- Continue to oppose new fossil fuel developments in Scotland, including new oil and gas exploration in fields like Rosebank, and the new gas fired power plant at Peterhead
- Triple the Nature Restoration Fund to £200 million, expanding support for community-led and landscape-scale restoration projects across Scotland, protecting our environment and allowing more people to benefit from our iconic nature
- Protect and recover our fish stocks by designating 30% of Scotland's inshore waters as low impact fishing zones, where destructive practices including bottom trawling and scallop dredging are banned
- Reforest Scotland's hills and glens, with 9,000 hectares of new native woodland each year, and a plan to restore Scotland's unique west coast rainforest and ancient woodlands
- Introduce a Clean Water Bill that will ensure all of Scotland's rivers and lochs are clean and safe for nature, swimming and recreation. [EMBARGOED]

External Affairs

- Ban the United States Military, and other governments involved in and facilitating war crimes and genocide, from using Scottish Government owned infrastructure such as Prestwick Airport
- End all Scottish Government support for the arms industry, including enterprise grants, free business advice, and global marketing deals
- Implement the Boycott, Divestment and Sanctions campaign against Israel through measures including a total ban on public funding, grants and other government support for companies identified as complicit in Israel's crimes against Palestine
- Ensure Scotland works towards a world free of nuclear weapons, including by committing to the Treaty on the Prohibition of Nuclear Weapons, and amending the Marine Scotland Act to ban the movement of nuclear weapons through Scottish waters

Transport

60368

- Bring more of Scotland's buses back under local control, simplifying the rules for local councils, empowering communities to be better involved in route planning, and providing proper financial help
- Abolish first class rail on all Scotrail Services, and introduce a national Scottish Rail Card, providing discounts for everyone who is ineligible for the existing railcard schemes
- Develop a scheme to provide a designated allocation of tickets for island residents on each ferry route, ensuring islanders can travel at short notice especially during the peak summer months
- Introduce a safe school run package, ensuring travel to schools is safe for children and parents, investing in better segregated active travel routes, crossing points, lighting, and enforcement of pavement parking and idling
- Invest in new rail stations and routes, including reopening the Dunfermline to Alloa and Dumfries to Stranraer lines
- explore the feasibility of bridges, tunnels and causeways across the sounds of Harris and Barra, and in the Northern Isles to improve connectivity for islanders.

We understand some of these areas are reserved; this will be clearly explained on the page.

LGBT+

- Introduce a comprehensive ban on conversion therapy covering all settings, such as religious, informal, community, family-based and therapeutic, with clear protections for affirming healthcare, and inclusive of trans, non-binary, and asexual identities. This ban will be backed by appropriate criminal and civil penalties, and a statutory right of survivors to support and advocacy.
- Ensure and expand inclusive education and anti-bullying programmes in Scotland's schools and youth programmes; provide targeted support to promote LGBTQ+ young people staying in education and roll out a national programme to address transphobic, homophobic and biphobic hate crime across society.
- Introduce statutory homelessness strategies for all groups facing particular barriers to housing, including LGBT+ people.
- Address inequalities in LGBT+ healthcare, such as improving access to specialist mental healthcare; care for intersex people, and speeding-up the rollout of injectable anti-HIV medication.
- Publish a gender-affirming care action plan within 6 months, to turbo-charge efforts to bring down shocking waiting times. Action we will consider includes funding more training places; providing funding to health boards that do not currently provide gender identity healthcare to start doing so urgently; supporting people to seek NHS-funded care in other countries, and bringing it into line with the 18 week guarantee that applies to many other areas of healthcare, including youth pathways aligned with international standards.
- Work with NHS boards – including Public Health Scotland – and social care providers to address LGBTQ+ health and care inequalities. This will include providing training for

frontline health and social care staff to understand the needs of LGBTQ+ people, and increasing the collection of data relating to sexual orientation, gender identity and health outcomes to inform better evidence-based policies.

Disabled People

- Close the disability employment gap by improving access to specialist employability services run by experienced third and public sector organisations, not by private sector profiteers; and take action to ensure funding is more sustainable, so long-term support can be provided. We will also require all large publicly-funded organisations to take part in the Disability Guaranteed Interview Scheme.
- Call on the UK Government to devolve responsibility for the Access to Work scheme and for the employability functions of Jobcentre Plus, so that Scotland can provide a high quality, integrated employment support for disabled people and other groups at risk of long-term unemployment.
- Incorporate the UN Convention on Rights of Disabled People into Scots law, underpinning crucial rights such as the right to independent living, personal assistance and independent advocacy.
- Require the involvement of Disabled People's Organisations in planning new public and private infrastructure, such as housing, public buildings, transport and public spaces, so that they meet inclusive design standards.
- Launch an urgent investigation into why the proportion of successful applications to Adult Disability Payment has fallen since its introduction, and is now below the equivalent figure in England and Wales, and implement recommendations to address this.
- Implement the recommendations of the Independent Review of Adult Disability Payment, including reviewing the adequacy of payments, scrapping the inhumane 20m rule, and ensuring assessments are inclusive of neurodivergent people.
- Ensure older disabled people are able to access the same mobility payments that younger disabled people receive, and make Scottish Blue Badges, currently the most expensive in the UK, free and simpler to access

New scots

- Call on the UK Government to fully devolve the responsibility for housing and support of people seeking asylum to Scotland, ensuring that new arrivals are properly supported to rebuild their lives here, and providing full funding for local councils to deliver this new responsibility.
- Stop private companies profiteering from a broken system using these new powers. We will fund councils and registered social landlords to become the preferred suppliers of

housing in communities, and end the routine use of hotels and barracks as housing for people seeking asylum.

- Empower local communities to apply for protest buffer zones around spaces providing asylum accommodation and services for as long as people are forced into hotels and barracks by the Home Office.
- Back the proposed pilot scheme granting people seeking asylum the right to work, allowing them to support themselves and their families; and reduce barriers to employment by using all powers available in Scotland to ensure that overseas qualifications are recognised as soon as possible after arrival.
- Establish a Community Cohesion fund to provide sustained funding for Local Authorities to invest in core services and grassroots community engagement programmes in communities which host New Scots.
- Support more New Scots to stand for public office by establishing an equivalent of the Barriers to Elected Office fund for disabled people, and create pathways for New Scots to serve on community boards, such as Parent and Community Councils.